


Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR TAIC RI FOILLSEACHADH DVD DO PHÀRANTAN IS OIGRIDH

12 An Dàmhair 2009

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air DVD a thoirt gu buil gus taic a thoirt do phàrantan agus do dhaoine òga a tha ag ionnsachadh Gàidhlig.

Tha an DVD, a tha air a dheasachadh airson aois 0-3 ro-sgoile agus air a dhealbh le Mòr Media agus Sealladh Tbh, a' nochdadh pupaid fon ainm "Cabag" a bhios san Raon Cluiche-bog ann an Atlantis Leisure anns an Òban eadar 1:00 agus 1:30 Diluain 12 Dàmhair, a' chiad latha de Mhòd na cloinne.

Gheibh pàrantan agus clann a thig gu Atlantis Centre dibhearsain gu leòr bho Chabag agus i a' seinn òrain 's ag innse sgeulachdan mus tòisich i a' dèanamh còmhradh ris a' chloinn. Bidh cothrom ann cuideachd criomagan den DVD fhaicinn a bhios air a sgaoileadh gu sgoiltean Gàidhlig air feadh na dùthcha aig toiseach na h-ath bhliadhna, ann an àm dhaibh a bhith air an lìbhrigeadh gu pàrantan a bhios a' clàradh an cuid chloinne airson Foghlam tron Ghàidhlig.

Thuirt Rosemary Nic a' Bhàird, Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaидh aig Bòrd na Gàidhlig: "Tha an earrann ro-sgoile deatamach a thaobh ar n-ùidh leantainneach ann an leasachadh agus liubhairt ginealach ùr de luchd-labhairt na Gàidhlig. 'S e dòigh gu h-àraighe mac-meanmhainneach a tha seo air maoineachadh GLAIF a chleachdad, a tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air a chur gu feum èifeachdach agus a dh'fhaodadh leantainn air adhart gu tuilleadh leasachaidhean tro stuthan sgrìobhte is eile. Mholainn do phàrantan le clann òg a thighinn gu Atlantis a dh'fhaicinn dè thathar a' tairgsinn, agus tha mi làn chinnteach gum bi fèill mhòr air Cabag am measg ar luchd-èisteachd as òige aig toiseach seachdain a' Mhòid. Cò aige a tha fios, dh'fhaodadh gum bi falal aice air na pàrantan cuideachd!"

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG SUPPORTS DVD LAUNCH

12 October 2009

A new DVD to support parents and young children who are learning Gaelic has been produced by Argyll & Bute Council with support from Bòrd na Gàidhlig.

The DVD, which is aimed at the 0-3 pre-school age group, was compiled by Mor Media and Sealladh TV, features a puppet, "Cabag" who will be at Atlantis Leisure's Soft Play Area, between 1:00 and 1:30 on Monday 12th October, the first day of the children's Mod in Oban.

Parents and children who come along to the Atlantis Centre will be entertained by Cabag as she sings songs and tells stories before then having a chat with the children. There will also be an opportunity to see clips of the DVD which will be distributed to Gaelic schools nationally at the beginning of next year, in time for them to be issued to parents who will be registering their children for Gaelic Education.

Rosemary Ward, Bòrd na Gàidhlig's Director of Education and Learning said: "The pre-school sector is vital for our continuing interest in developing and delivering a new generation of Gaelic speakers. This is a particularly imaginative use of our GLAIF funding which Argyll and Bute Council has used to good effect and it could lead to further spin-offs through written material and in other directions. I would encourage parents with young children to come to Atlantis to see what is on offer and I am sure that cabag will be extremely popular among our younger audiences at the start of Mod week. Who knows, she may well have something to say to parents as well."